

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



\*Please scroll down for English Version\*

# BÒRD NA GÀIDHLIG A' DAINGNEACHADH NA SLIGHE AIR ADHART AIRSON LEASACHADH GÀIDHLIG TRÀTH-BHЛИADHNAICHEAN

15 An Dùblachd 2010

Tha Bòrd na Gàidhlig air an t-slighe air adhart a dhaingneachadh mu choinneamh solar Gàidhlig tràth-bhliadhnaichean a liubhairt bhon Mhàirt a' tighinn (2011).

Bho 31 Màirt 2011, bidh an structar làithreach a tha suidhichte eadar am Bòrd agus a' bhuidheann TAIC (CNSA mar a bh' ann) air a chur às àite le seirbheis ùr ioma-chuimseach a bhios a' cur taic ri liubhairt solar tràth-bhliadhnaichean don Ghàidhlig. Bidh an structar ùr air a liubhairt ann an com-pàirteachas le buidhnean eile, a' gabhail a-steach Comann nam Pàrant, a' bhuidheann taic phàrantan, HMIE agus ùghdarrasan ionadail.

Chaidh na planaichean ùra, a tha a' mion-chomharrachadh cùisean maoineachaidh, trànaidh agus na goireasan a bhios an lùib nan rèiteachaidhean ùra a chur air bhonn, a dhaingneachadh aig coinneamh Bòrd-Stiùridh a' Bhùird a ghabh àsite ann an Inbhir Nis an-dè (Dimàirt).

'S e a' chiad cheum a bhith a' conaltradh ri buidhnean tràth-bhliadhnaichean a th' ann cheana gus togail air na ceanglaichean a th' ann, gus feumalachdan a chomharrachadh agus taic ionmhasail a sholarachadh dhaibh.

Thuirt Ceannard Bhòrd na Gàidhlig, Iain Aonghas MacAoidh: "Tha am Bòrd air pròiseas ath-bhreithneachaidh a bha fad-amail agus làidir a chur an cèill mu choinneamh nan seirbheisean a tha air an tairgsinn thar ùine mhòr don roinn dheatamach seo de fhoghlam Gàidhlig. An dèidh beachdachadh air na diofar roghainnean, tha sinn a' creidsinn gur e Bòrd na Gàidhlig ag obair ann an com-pàirteachas le ùghdarrasan ionadail agus buidhnean Gàidhlig eile, an t-slighe air adhart as fheàrr."

Dh'ath-dhaingnich Mgr MacAoidh gu bheil na h-atharrachaidhean a thathar a' cur an gnìomh deatamach ann an liubhairt foghla姆 tràth-bhliadhnaichean, ma tha an t-amas air ginealach ùr de luchd-labhairt na Gàidhlig a chruthachadh gu bhith air a choileanadh, mar a tha air a mhìneachadh ann am plana gnìomha a' Bhùird, Ginealach Ùr na Gàidhlig.

Thuirt Màiri Nic Ille Mhaoil, a chaidh fhastadh o chionn ghoirid mar Stiùriche Foghlaim is Ionnsachaидh a' Bhùird: "Bidh Sgioba Foghlaim Bhòrd na Gàidhlig air a neartachadh a-nis gus

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



toradh air stuth fiosrachaiddh a cho-òrdanachadh, agus stuth taic a sholarachadh mu choinneamh leasachadh càinain agus modhan-obrach rianachd is ionmhasail. Bidh prògram trèanaidh air a dhealbh airson taic a thoirt do luchd-obrach le leasachadh càinain agus modhan-obrach rianachd is ionmhasail. Tha àireamh de thachartasan sgìreil gam planadh gus ullachadh mu choinneamh buileachadh nam planaichean."

Ma tha sibh airson barrachd fhaighinn a-mach mun naidheachd seo, curiribh fios gu: Iain Aonghas MacAoidh: 07500 089 661 Bòrd na Gàidhlig: [www.gaidhlig.org.uk](http://www.gaidhlig.org.uk) Agus: [www.mygaelic.com](http://www.mygaelic.com)

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
Press Release



# BORD NA GÀIDHLIG CONFIRMS ARRANGEMENTS FOR EARLY YEARS GAELIC DEVELOPMENT

**15 December 2010**

Bòrd na Gàidhlig has confirmed the arrangements to be put in place to deliver early years Gaelic provision from next March (2011).

From March 31, 2011, the current arrangement which the Bòrd has in place with the organisation TAIC (formerly CNSA) will be superseded by a new comprehensive service which will support the delivery of early years provision for Gaelic. The new set-up will be delivered in partnership with other bodies, including the parental support group Comann nam Pàrant, HMIE and local authorities.

The plans, which detail the funding, training and resource issues involved in setting up the new arrangements, were confirmed at a meeting of the Bòrd's Board of Directors which was held in Inverness yesterday (Tuesday).

The first step will be to engage with existing early years groups to build on existing links, to identify needs and provide relevant financial support.

Bòrd na Gàidhlig Ceannard (Chief Executive) John Angus MacKay said: "The Bòrd has conducted a lengthy and robust review process of the services being offered to this critical sector of Gaelic education over a long period. After considering different options we believe that Bòrd na Gàidhlig working in partnership with local authroities and other Gaelic groups is the best way forward."

Mr MacKay stressed that the changes in delivering early years education are crucial if the aim of creating a new generation of Gaelic speakers as outlined in the Bòrd action plan Ginealach Ùr na Gàidhlig is to be achieved.

The Bòrd's recently appointed Direction of Education and Learning Mary MacMillan said: "Bòrd na Gàidhlig's Education Team will now be strengthened to co-ordinate the production of information material and provide support material for language development and for administration and financial procedures. A training programme will be developed to support workers on language development and administration and financial procedures. A number of regional events are being planned to prepare for the implementation of the plans."

## Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



For further information on the contents of this news release, please contact John Angus MacKay: : 07500 089 661 Bòrd na Gàidhlig website: [www.gaidhlig.org.uk](http://www.gaidhlig.org.uk) See also: [www.mygaelic.com](http://www.mygaelic.com)